

Fòram Eaglaisean na h-Alba
Thigeadh do Rìoghachd 2021
13mh - 23mh dhen Chèitean
(Latha na Deasghabhalach gu ruige Latha na Caingis)

Às leth na h-Eaglaisean Albannach a leanas, tha sinn a' toirt fàilte air cothrom pàirt a ghabhail anns an Iomairt Ùrnaigh Cruinneil: *Thigeadh do Rìoghachd 2021*.

<https://www.thykingdomcome.global/>

Fad sia bliadhna, tha *Thigeadh do Rìoghachd* air Crìosdaidhean bho iomadh diofar eaglais agus traidisean a thoirt còmhla gus “thigeadh do rìoghachd” a ràdh ann an ùrnaigh. Tha barrachd daoine ann an Alba air pàirt a ghabhail anns an iomairt o chionn ghoirid, agus tha sinn a' dèanamh fiughair ri ar càirdeas a neartachadh tro ar n-ùrnaighean.

Tha *Thigeadh do Rìoghachd* air leabhran-ùrnaigh ùr airson 2021 a chruthachadh sa Ghàidhlig, agus tha e ri fhaotainn an-seo:

<https://www.thykingdomcome.global/sites/default/files/2021-04/TKC%20Prayer%20Journal%202021%20GAELIC%20DOWNLOAD.pdf>

Mar sin, molaidh sinn goireasan *Thigeadh do Rìoghachd* dhuibh, agus bheir sinn cuireadh dhuibh pàirt a ghabhail anns an iomairt ùrnaigh seo eadar Latha na Deasghabhalach gu ruige Latha na Caingis, ag ùrnaigh gum bi barrachd daoine a' cur eòlas air gràdh agus sìth ar Tighearna Ìosa Crìosd.

Dèanamaid ùrnaigh còmhla: thigeadh do Rìoghachd.

Soidhnichte:

An Ceart Urramach Màrtainn Fair, Moderàtor Àrd-Sheanadh Eaglais na h-Alba

Am Fìor Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann

Am Fìor Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean, Eaglais Easbaigeach na h-Alba

An t-Urramach Iain Fulton, Moderàtor, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba

An t-Urramach Dòmhnall G. Dòmhnallach, Moderàtor, an Eaglais Shaor

Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte

Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)

An t-Urramach Pòl Whittle, Eaglais Ath-Leasaichte Aonaichte (Alba)

An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba

An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam Methodach (Alba)

An t-Urramach Tòmas R. Wilson, Cathraiche, Caidreachas Co-thionalach ann an Alba